

---

## Seimeastar 2 2014-15

B.A. Cànan agus Cultar na Gàidhlig

---

Tiotal a' Mhodail:	Eachdraidh agus Leasachadh a' Chànain
Còd a' Mhodail:	UQ509828
Ceann-là/Uair/Ùine:	Dihaoine 15 den Chèitean 2015
Uair/Ùine:	09.30 gu 11.30

**'S fhiach an deuchainn seo 50% de na comharran a ghabhas faighinn gu h-iomlan sa mhodail.**

### Fiosrachadh:

Tha faclairean Gàidhlig ceadaichte san deuchainn seo, ach chan eil leabhraichean no notaichean sam bith eile ceadaichte.

Gheibhear còig mionaidean airson na ceistean a leughadh mus tòisich an deuchainn.

Chan fhaodar càil a sgrìobhadh sna còig mionaidean seo.

Feumaidh tu peann **dubh no gorm** a chleachdadh.

### Freagair ceist 1 agus dà cheist eile.

Cuir an **àireamh oileanach** agad agus an **t-ionad-measaidh** a-mhàin air aghaidh gach leabhar-freagairt.

**Na cuir** d' ainm air pàirt sam bith den leabhar.

Cuir loidhne tro notaichean sam bith nach eil thu ag iarraidh a bhith air an ceartachadh.

---

## Freagair dà cheist a-mach à ceistean 2 – 9

Tha 100 comharra air gach ceist.

- ✓2. Dè an dàimh a tha aig a' Ghàidhlig ri cànanan Ind-Eòrpach, agus ri seann Cheiltis air tìr-mòr na Roinn Eòrpa?
- ✓3. Dè cho fada air ais 's a tha sgrìobhadh sa Ghàidhlig a' dol, agus dè an seòrsa theacsaichean a gheibhear sna seann làmh-sgrìobhainnean?
- ✓4. An robh *Gàidhlig Choitcheann* riamh ann?
5. An robh an t-Ath-Leasachadh na chuideachadh no na chnap-starra dhan Ghàidhlig ann an Alba is ann an Èirinn?
6. A bheil beachd agad carson a roghnaich feadhainn a bhith a' cleachdadh nòs litreachaidh neo-thradaiseanta bhon 16mh ceud air adhart, no carson nach do ghabh seo thairis mar cheart-sgrìobhadh àbhaisteach na Gàidhlig?
7. Dè as urrainn do na trì làmh-sgrìobhainnean *Leabhar an Deadhain* à Siorrachd Pheairt, *Làmh-sgrìobhainn MhicRath* ['*Leabhar Fheàrnaig*'] à Siorrachd Rois agus *Polichronicon* nam Frisealach ['*Làmh-sgrìobhainn Wardlaw*'] à Siorrachd Inbhir Nis innse dhuinn mu dheidhinn na Gàidhlig mar a bha i sna sgìrean sin aig an àm?
8. Dè cho fada 's a mhair <sup>leas</sup> Gàidhlig Chlasaigeach agus dè bh' innte?
9. An e cùram pròstanach a bha ann an teagasg leughaidh sa Ghàidhlig san 18mh agus san 19mh ceud?

Deireadh a' Phàipeir